

'Ùr-Sgeul: Ag Ùrachadh Litreachas is Cultar na Gàidhlig . . . Dè an Ath Cheum?'

John Storey

20 Màrt 2007

Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhith oirbh a thaobh rud sam bith sa phàipear seo, bidh John Storey toilichte cluinntinn bhuaibh. Cuiribh brath gu John air: paipear@gaelicbooks.net

Sgrùdaidhean eile

An toiseach, beagan fiosrachaidh mu phàipearan eile. Tha feadhainn eile ann a tha a' toirt sùil air suidheachadh rosg na Gàidhlig san 21mh Linn, nam measg:

Ní Annracháin, Máire (2007) "*Shifting Boundaries: Scottish Gaelic literature after Devolution*" – from *The Edinburgh Companion to Contemporary Scottish Literature*, Edinburgh University Press, Scheone, Berthold (ed.), ISBN 9780748623969. Tha duil aca seo fhoillseachadh sa Chèitean 2007.

Wringe, Mark (2006) "*Normalising the Gaelic Novel - an interim review of the success of the Ùr-Sgeul initiative*" – paipear aig co-labhairt 'Forum for the Languages of Scotland and Ulster' (theme: the use of language in Gaelic and Scots novels), Dubhlachd 2006

Wringe, Mark (2006) "*Dè An Sgeul A Tha Agad - Luachadh Eadar-Amail Air Sgeama Foillseachaidh Ùr-Sgeul*" – paipear aig Rannsachadh na Gàidhlig, Samhradh 2006

Ùr-Sgeul – dè th'ann?

Thoisich e ann an 2003. 'S e Comhairle nan Leabhraichean a chur air chois e. Chuidich duine no dithis gu mòr leis an iomairt – mar eisimpleir bha an t-Ollamh Dòmhnall E. Meek a-sas ann an Comhairle nan Leabhraichean agus bha e fhèin agus feadhainn eile gu math taiceil. 'S e prìomh amas Ùr-Sgeul rosg Gàidhlig ùr do dh'ìnbhich a bhrosnachadh agus fhaighinn ann an clò, tro dhoighean abhaisteach agus tro dhoighean-ùra - mar eisimpleir DVDan no CDan - leabhraichean-èisteachd. Bhathar a' faireachdainn gu robh bearn mhòr ann a thaobh leabhraichean rosg an litreachas na Gàidhlig, agus bha sinn airson oidhirp a dhèanamh gus a' bhearn sin a lìonadh. Mar eisimpleir, cia mheud nobhail Ghàidhlig do dh'ìnbhich a bh'ann ro 2003?

Ceist (airson latha eile) do sgoilearan – carson a bha gnothaichean mar seo a thaobh rosg? An e nach robh na Gàidheil agus na sgrìobhadairean a bh'ann roimhe seo deònach rosg a sgrìobhadh? No, an e gu robh iad a' sgrìobhadh rosg, ach nach robh cothroman-foillseachaidh gu leòr ann dhaibh? An robh ar dualchas a' cur bacadh air rosg? Ceistean.

Ionmhas

An toiseach ann an 2003, fhuair Ùr-Sgeul, mar phroiseact Chomhairle nan Leabhraichean, taic-airgid 50k thairis air dà bhliadhna bhon Scottish Arts Council (Crannchur Nàiseanta). Stad an taic-airgid seo bhon Scottish Arts Council as dèidh dà bhliadhna, ach thoisich Bòrd na Gàidhlig agus tha Ùr-Sgeul a' faighinn taic-airgid bhuapa-san. Tha an taic seo mu 50k sa bhliadhna. Chan eil an t-airgead seo ann le cinnt – feumaidh Comhairle nan Leabhraichean a dhol thuca a h-uile bliadhna. Gu math tric, tha sinn a' faighneachd airson torr a bharrachd, agus chan eil sinn ga fhaighinn. An dràsta, tha taic-airgid againn suas chun a' Ghiblean ann an 2008. Chan eil cinnt sam bith ann as dèidh sin.

Tha sinn den bheachd gur e sùim gu math beag a tha Ùr-Sgeul a' faighinn, taice ri cuid de phròiseactan eile ann an saoghal na Gàidhlig – tha iomadach eisimpleir ann a chuireas ris an argamaid sin.

Stiùireadh, buidheann-comhairleachaidh agus obair-deasachaidh

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' stiùireadh Ùr-Sgeul bho latha gu latha. Tha buidheann-comhairleachaidh ann a chumas sùil air gnòthaichean cuideachd: Jo NicDhòmhnaill (BBC Alba, ged nach ann a' riochachadh a' BhBC a tha Jo - tha i ann seach gu bheil fìor eòlas aice air foillseachadh), an sgrìobhadair Aonghas Dubh MacNeacail agus Mark Wringe (Sabhal Mòr Ostaig). Tha obair-deasachaidh agus taic-deasachaidh do sgrìobhadairean an urra ri Iain MacDhòmhnaill, Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean.

Foillsichear Ùr-Sgeul

'S e CLÀR (buidheann a tha stèidhichte an Inbhir Nis) am foillsichear – tha Comhairle nan Leabhraichean a' toirt cumhnant dhaibh gus na leabhraichean fhoillseachadh – rinn iad sin as dèidh don bhuidhnean-comhairleachaidh moladh a dheanamh, stèidhichte air pàipearan '*tender*' a fhuair ann an 2003. Chaidh cothrom '*tender*' a-mach gu foillsichearan – nam measg Birlinn, Canongate, BRIGH, Acair agus Gairm. Ann an 2008, 's docha gum bi sinn a' toirt suil eile air foillsichear Ùr-Sgeul.

Cò tha a' sgrìobhadh? Bheil cothroman ann?

Tha sgeama Ùr-Sgeul fosgailte do neach sam bith a tha a' sgrìobhadh rosg do dh'inbhidh. Bidh Comhairle nan Leabhraichean a' toirt suil air iarrtas(an) bho sgrìobhadairean. Tha an t-airgead gann, agus chan urrainn don phròiseact a h-uile duine fhoillseachadh. Ach thathas a' toirt suil air a h-uile iarrtas.

Dè tha air tachairt thuige seo?

Tha Ùr-Sgeul air 11 leabhraichean ùra - naoi nobhailean (seachd nobhailean 'mhòra', aòn '*novella*' agus aon '*novella*' eadar-theangaichte bhon Ghaeilge) agus dà chruinneachadh de sgeulachdan goirid - fhoillseachadh thuige seo. An ath mhios, bidh Ùr-Sgeul air ochd leabhraichean-èisteachd – DVDan agus CDan - fhoillseachadh. Chan eil ann ach toiseach-toiseachaidh, tha sinn an dòchas.

Seo na leabhraichean (suas gu Giblean 2007), am fear mu dheireadh an toiseach:

1. Shrapnel le Tormod Caimbeul – Tormod a' Bhocsair, 2006
2. Ùpraid le Éilís Ní Dhuibhne (eadar-theangachadh bho Gaeilge), 2006
3. Dileas Donn le Norma NicLeòid, 2006
4. Gymnippers Diciadain le Màrtainn Mac an t-Saoir, 2005
5. Na Klondkyers le Iain F. MacLeòid, 2005
6. Am Miseanaraidh le Iain Mac a' Ghobhainn, 2005
7. Dacha Mo Ghaoil le Tormod MacGill-Eain, 2005
8. Là a' Dèanamh Sgèil Do Là le Aonghas Pàdraig Caimbeul, 2004
9. Tocasaid 'Ain Tuirc le Donnchadh MacGilliosa, 2004
10. An Oidhche Mus Do Sheòl Sinn le Aonghas Pàdraig Caimbeul, 2003
11. Ath-Aithne le Màrtainn Mac an t-Saoir, 2003

Agus seo na leabhraichean-èisteachd (suas gu Giblean 2007):

1. Shrapnel le Tormod Caimbeul – 4 CD set, 2007
2. Gymnippers Diciadain le Màrtainn Mac an t-Saoir – DVD, 2007
3. Na Klondkyers le Iain F. MacLeòid – DVD, 2007
4. Là a' Dèanamh Sgèil Do Là le Aonghas Pàdraig Caimbeul – DVD, 2007
5. Am Miseanaraidh le Iain Mac a' Ghobhainn – 2 CD set, 2005
6. Dacha Mo Ghaoil le Tormod MacGill-Eain – 3 CD set, 2005
7. Tocasaid 'Ain Tuirc le Donnchadh MacGilliosa. – 3 CD set, 2005
8. Ath-Aithne le Màrtainn Mac an t-Saoir – 6 CD set, 2004

Tha sinn air làrach-lìn a chruthachadh www.ur-sgeul.com. Tha sinn a' dèanamh oidhirp, a rèir an taic-airgid a th'againn, gus na sgrìobhadairean a thoirt gu sgoiltean, colaisdean, oilthighean agus aiteachan eile. Mar eisimpleir, tha sinn an dòchas gum

bi Aonghas Pàdraig Caimbeul a' nochdadh sa Bhothan (Dùn Èideann) am bliadhna seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig air oidhche-litreachais a chumail dhuinn ann an 2006, agus tha sinn an dòchas gun lean oidhcheanan den t-seòrsa seo.

DVD no CD?

Tha sinn am beachd an dà chuid a dhèanamh fhathast, ach bidh sin a' crochadh air taic-airgid. Tha Ùr-Sgeul airson goireasan air-loidhne – mar eisimpleir 'downloads', mar a chanas iad, a dhèanamh cuideachd. Tha e cudromach gum bi iomadach 'format' ann – 'se sin am poileasaidh a th'againn. Mar a tha fhios aig a h-uile duine, tha teicneòlais ag atharrachadh fad na h-ùine.

2007 – leabhraichean ùra

Air 13 Cèitean 2007, aig Fèis WORD an Obar Dheathain, theid an leabhar ùr aig Aonghas Pàdraig Caimbeul – *An Taigh-Samhraidh* - a chur air bhog. Seo an treas nobhail aige. Sa Lùnastal 2007, theid *An Taigh-Samhraidh* agus *Dìleas Donn* a chur air bhog mar leabhraichean-èisteachd.

Tha na leanas air nobhailean ùra a dhèanamh cuideachd – tha iad a' feitheamh ri obair-deasachaidh:

1. Norma NicLeòid – Taingeil Toilichte (an dàrna nobhail aice)
2. Màiri Anna Dhòmhnallach, Bearnaraigh – Cleas Sgàthain (nobhail èibhinn)
3. Tormod MacGill-Eain – Slaightearan (nobhail èibhinn)

Tha feadhainn ag obair air sgeulachdan goirid, agus air eachdraidh-beatha. Tha gu leòr eile a' sgrìobhadh – boireannaich agus fireannaich, sean is òg. Nam measg, tha Catriona Lexy Chaimbeul a' sgrìobhadh nobhail, tha Iain F. MacLeòid a' cur crìoch air an dàrna nobhail aige, stèidhichte air aithrisean mu 'Morrison of the Bounty' agus tha Alison Lang ag obair air cruinneachadh de sgeulachdan goirid.

'Reality check' ann an 2007

Ann an 2007, tha iomadach ceist ann fhathast. Prìomhachas – tha an t-suim a thathar a' cosg air Ùr-Sgeul – agus gu dearbha foillseachadh Gàidhlig de sheòrsa sam bith - gu math ìseal taice ri iomairtean eile. Taic-airgid – an lean seo? Ged a tha sinn a' faighinn taic-airgid am bliadhna (2007-2008) chan eil sinn cinnteach as dèidh sin. Tha seo a' toirt buaidh air sgrìobhadairean – mar eisimpleir, chan urrainn dhuinn a radh le cinnt ri sgrìobhadair gun teid an leabhar aca fhoillseachadh. Siostam-deasachaidh: uaireannan, tha e doirbh clàr-ama a choileanadh. Bheil sinn a' feuchainn ri cus a dhèanamh? Neo, a bheil taic a thaobh seo a dhìth oirnn? Bheil luchd-obrach gu leòr a-sàs ann am foillseachadh na Gàidhlig? Treanadh airson sgrìobhadairean agus luchd-deasachaidh – bheil goireasan gu leòr ann dhaibh? Sgrìobhadairean ùra òga – tha e CHO cudromach iad seo a bhrosnachadh. A bheil sinn a' dèanamh gu leòr gus misneachd a thoirt dhaibh agus bheil cothroman aca? Margaidheachd agus cothrom-reic - buaidh Waterstones, Amazon agus na companaidhean mòra – tha sinn a' sabaid fad na h-ùine. Air a làimh eile, saoil a bheil cothroman ann – 'niche marketing'? Na sgoiltean agus na h-oilthighean – a bheil gu leòr ga dhèanamh gus rosg Gàidhlig a phutadh ann am foghlam? Litreachas Gàidhlig san fharsaingeachd – an gabh ionnsachadh bho Ùr-Sgeul – mar eisimpleir, sreath ùr de bhàrdachd Gàidhlig a chur air chois? A bheil sgeamaichean eile, a bharrachd air Ùr-Sgeul a dhìth oirnn? Obair-choimhearsnachd – a bheil sinn a' deanamh gu leòr gus leabhraichean agus sgrìobhadairean a thoirt gu aire dhaoine? Dè feum a ni leabhar, no sgrìobhadair, gun fios a bhith aig a' choimhearsnachd? Ceangail eadar leabhraichean Gàidhlig agus film, telebhisean, reidio agus an eadar-lìon – a bheil gu leòr ga dhèanamh airson seo a neartachadh? Cò as a thig na sgrìobhadairean, mar eisimpleir, airson filmaichean a bhios a' leanntainn as deidh 'Seachd'? Neo an t-seirbheis didsiotach ùr? Sin agaibh cuid dhe na ceistean a th'againn ann an 2007.

Na Molaidhean – An Ath Cheum

Tha feum againn air pailteas – na ceudan - de leabhraichean Gàidhlig bho sgrìobhadairean sean is òg. Chan eil feum againn air trì nobhailean Ghàidhlig bho Aonghas Pàdraig Caimbeul - tha feum againn air fichead! Agus fichead eile o Mhàrtainn Mac an t-Saoir. Agus Norma NicLeòid, Catriona Lexy Chaimbeul agus Tormod a' Bhocsair. Agus fichead eile bho sgrìobhadairean ùra nach d'sgrìobh aon fhacal fhathast.

Seo na molaidhean:

1. Taic-airgid airson foillseachadh Gàidhlig – feumar cur ris a seo gu mòr.
2. Feumaidh saoghal na Gàidhlig prìomachas a thoirt do litreachas na Gàidhlig - feumaidh sinn tuilleadh luchd-obrach fhaighinn airson foillseachadh na Gàidhlig, agus feumaidh sinn na foillsichearan a th'ann mar tha a chuideachadh.
3. Feumaidh sinn siostam-deasachaidh ceart a chruthachadh – siostam a chuidicheas foillsichearan agus sgrìobhadairean gus leabhraichean fhaighinn ann an clò gun moran srì.
4. Feumaidh sinn treanadh (cursaichean de gach seòrsa: goirid agus fada, aig astar agus aig baile) a chur air chois a chuidicheas luchd-deasachaidh agus sgrìobhadairean. B'choir do Chomhairle nan Leabhraichean a bhith ag obair, mar eisimpleir, còmhla ri SMO agus na h-oilthighean gus seo a thoirt gu buil.
5. Feumaidh sinn sgrìobhadairean ùra òga a lorg, agus feumaidh sinn cothrom-foillseachaidh a thoirt dhaibh. Sa bhad!
6. Feumaidh sinn cuideachadh fhaighinn a thaobh reic agus margaidheachd – luchd-obrach, mar eisimpleir, a bhruidhneas ris a h-uile aite a tha deònach, neo a dh'fhaodadh a bhith deònach, leabhraichean Gàidhlig a reic agus a cheannach. A bhith a' tadhal air a h-uile sgoil agus a h-uile oilthigh a tha a' teagasg Gàidhlig. Agus feumaidh sinn leudachadh a dhèanamh air reic leabhraichean Gàidhlig tron eadar-lìon.
7. Feumaidh sgoiltean, ùghdarasan ionadail agus buidhnean nàiseanta a tha sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig torr a bharrachd oidhirp a dhèanamh gus litreachas Gàidhlig san 21mh Linn a phutadh anns na sgoiltean. Tha fhios againn nach e ceist fhurasda a th'ann, ach feumaidh na buidhnean seo a bhith a' feuchainn. Ma tha Irvine Welsh agus *Trainspotting* aig cuid airson 'Higher English', carson nach biodh Tormod a' Bhocsair agus *Shrapnel* aca, mar eisimpleir, airson 'Higher Gàidhlig'?
8. Feumaidh sinn sgeamaichean eile a thoirt gu buil gus bàrdachd, creideamh, orain, ceol, leabhraichean do dheugairean agus raointean-sgrìobhaidh eile a chuideachadh. A bhith ag ionnsachadh bho Ùr-Sgeul gus am bi sreathan de leabhraichean Gàidhlig ùra de gach seòrsa ri fhaighinn ann an clò. Ùr-Rann a chairdean? Ùr-Creideamh? Chan eil an t-ainm cudromach – ach tha an taic.
9. Feumaidh sinn feadhainn fhaighinn a tha deònach a bhith sas anns na coimhearsnachdan Gàidhlig (an dà chuid air Ghaidhealtachd agus anns na bailtean mòra) airson putadh a dhèanamh air leabhraichean Gàidhlig. Feumaidh sinn cothrom a thoirt do sgrìobhadairean a bhith a' tadhal air, agus ag obair anns, na coimhearsnachdan. Carson, mar eisimpleir, nach biodh Fèis Leabhraichean Gàidhlig ùr aca ann an Steòrnabhagh? No carson nach toisich sinn sreath de bhuidhnean-leughaidh ann an Uibhist, neo ann an Dùn Eideann agus Glaschu? No dè mu dheidhinn coig 'writers' residencies' Gàidhlig ann an sgoiltean, neo ann an oilthighean, air feadh Alba. 'Sgrìobhadair rosg Gàidhlig airson Oilthigh Dhùn Èideann', mar eisimpleir?

10. Feumaidh sinn taic fhaighinn bho na buidhnean Gàidhlig eile, buidhnean-ealain agus na craobh-sgaoileadairean gus an ceangail eadar litreachas agus na meadhanan eile a neartachadh. Seo rud no dhà a ghabhadh dèanamh:

a) leudachadh air na programan-litreachais air BBC Rèidio nan Gaidheal – gus am bi nàdar de ‘*Book at Bed Time*’ Gàidhlig aca a h-uile oidhche

b) program-telebhisean ùr a dhèanamh a bhios a’ toirt suil air leabhraichean agus sgrìobhadairean – lèirmheasan, comhradh is eile

c) film a dhèanamh stèidhichte air *Na Klondkyers* – film a bhios a cheart cho math ri, no fiù 's nas fheàrr na, *Seachd*.

d) neo, sreath drama a dhèanamh air telebhisean, stèidhichte air *Gymnippers Diciadain*

Litreachas agus rosg na Gàidhlig - tha cothroman gu leòr ann fhathast.

John Storey 20 Màrt 2007
paipear@gaelicbooks.net